

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A' Chorra-mhonaidh (1)

A special programme, in the form of a "letter", designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 883. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 579 corresponds to Litir 883.

Dè a' Ghàidhlig a th' air *crane*? Chan eil mi a' ciallachadh inneal-togail. Tha seòrsa eile de *crane* air m' aire – an t-eun mòr iongantach. Tha luchd-saidheans eòlach air mar *Grus grus*.

Tha na h-ainmean a leanas ann am faclair Dwelly: *corra, corra-ghrithreach, corra-mhonaidh, corra-bhàn, corra na h-easgann, tòn-dubh, corra thòn-dubh, bonnan-buidhe, corra-iasg agus corra-ghlas*. **Cha mhòr nach eil an aon uiread de dh'ainmean air 's a th' air an naosg!**

Mar sin, dè tha mi a' dol a ghabhail air an eun seo? Uill, thug mi sùil ann am faclair a tha air leth feumail. Tha mi an dùil gum bi sibh eòlach air: *The Essential Gaelic Dictionary* le Boyd Robasdan agus Iain MacDhòmhnail. 'S e *corra-mhonaidh* a th' acasan airson *crane*. Bidh cuid teagmhach mu cho freagarrach 's a tha an t-ainm sin airson eun a tha gu math tric ri lorg air talamh ìosal, ach co-dhiù ...

Mura faca sibh *corra-mhonaidh* riamh, 's e eun iongantach mòr a th' ann. O chionn beagan sheachdainean bha mi ann an Slimbridge ann an ceann a deas Shasainn, faisg air a' chrìch leis a' Chuimrigh. Chunnaic mi feadhainn an sin.

Tha an t-eun glas, còrr is meatair a dh'àirde le amhaich fhada, casan fada agus gob fada. Tha itean dubha air a tòin, agus tha dubh air a ceann agus air a h-amhaich, le pìos dearg os cionn a sùilean.

Tha i rud beag coltach ris a' chorra-ghrithich – no *heron* – ach nas motha. Eucoltach ris an eun sin, tha a h-itean-tòine ag aomadh. Agus, eucoltach ris a' chorra-ghrithich, cha bhi a' chorra-mhonaidh a' fuireach anns an aon àite a' lorg cobhartach. Bidh i a' coiseachd timcheall nuair a tha i a' sealg.

Tha ùidh mhòr aig eòlaichean-nàdair anns a' chorra-mhonaidh oir chaidh i à bith ann am Breatainn mar eun-neadachaidh. Bhiodh i a' tadhal air an dùthaich bho àm gu àm ach cha robh fios aig daoine an robh i bitheanta gu nàdarrach aig aon àm.

Chaidh eòlaichean ann an Oilthigh Mhanchester gu ainmean-àite airson fianais air sin. Tuigidh bith-eòlaichean gu bheil fianais uaireannan ann an ainmean-àite a thaobh ainmhidhean is lusan anns an ùine a dh'fhalbh. Agus thug an fheadhainn ann am Manchester sùil air ainmean-àite air feadh Bhreatainn.

Anns an t-Seann Bheurla, 's e *cran, cron, corn* no *cranuc* a bh' air a' chorra-mhonaidh. Anns an t-Seann Lochlannais, 's e *trani* a chanadh daoine. Agus ann an Còrnais, 's e *garan* a bh' oirre. Anns na trì cànanan sin, lorgadh dà cheud, seachdad 's a h-aon ainmean anns an robh a' chorra-mhonaidh air a h-ainmeachadh. Ann an coimeas ri sin, lorg iad nas lugha na dà cheud ainm-àite anns an robh am fitheach air

ainmeachadh – agus tha fhios gun robh mòran dhiubh sin ann an Gàidhlig, air a’ Ghàidhealtachd.

Tha àiteachan anns a bheil a’ chorra-mhonaidh air a h-ainmeachadh air feadh Shasainn. Mus deach na boglaichean a dhrèanadh airson àiteachas, tha dùil gun robh an t-eun pailt gu leòr ann an sgìrean le talamh fliuch – oir ’s toigh le corrachan-monaidh a bhith beò ann an àrainnean mar sin. Air an làimh eile, nam biodh i uabhasach cumanta, ’s dòcha nach biodh i air a h-ainmeachadh idir oir bhiodh daoine ga faicinn sa h-uile àite. Agus an robh a’ chorra-mhonaidh ann an Alba? Bheir sinn sùil air an fhianais airson sin an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: inneal-togail: *lifting crane*; iongantach: *amazing*; luchd-saidheans: *scientists*; fitheach: *raven*.

Abairtean na Litreach: Tha mi an dùil gum bi sibh eòlach air: *I expect you’ll be familiar with it*; bidh cuid teagmhach mu cho freagarrach ’s a tha an t-ainm sin: *some people will be doubtful about how suitable that name is*; tha gu math tric ri lorg air talamh ìosal, ach co-dhiù ...: *which is often found on low ground, however ...*; mura faca sibh corra-mhonaidh riamh: *if you’ve never seen a crane*; faisg air a’ chrìch leis a’ Chuimrigh: *close to the border with Wales*; còrr is meatair a dh’àirde: *more than a metre high*; tha itean dubha air a tòin: *there are black feathers on its backside*; rud beag coltach ris a’ chorra-ghrithich: *rather like the heron*; tha a h-itean-tòine ag aomadh: *its tail feathers droop*; a’ fuireach anns an aon àite a’ lorg cobhartach: *staying in the one place looking for prey*; chaidh i à bith ann am Breatainn mar eun-neadachaidh: *it became extinct in Britain as a breeding (nesting) bird*; tuigidh bith-eòlaichean gu bheil fianais uaireannan: *biologists understand that there is sometimes evidence*; lorgadh dà cheud, seachdad ’s a h-aon ainmean anns an robh a’ chorra-mhonaidh air a h-ainmeachadh: *271 names were found in which the crane is named*; mus deach na boglaichean a dhrèanadh airson àiteachas: *before the boglands were drained for agriculture*; pailt gu leòr ann an sgìrean le talamh fliuch: *fairly common in areas with wet ground*; ’s toigh le corrachan-monaidh a bhith beò ann an àrainnean mar sin: *cranes like to live in habitats like that*; bheir sinn sùil air an fhianais airson sin: *well have a look at the evidence for that*.

Puing-chànain na Litreach: Tha na h-ainmean a leanas ann am faclair Dwelly: *the names that follow are in Dwelly’s dictionary. The relative future is useful in phrases like this. I might have said ‘tha na h-ainmean a tha/bhios a’ leantainn [air seo]...’ but it would not have been as natural.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: Cha mhòr nach eil an aon uiread de dh’ainmean air ’s a th’ air an naosg: *it has almost as many names as the snipe (which has around 14 different names in Gaelic).*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA